

Cuairt-Litir Comann nam Pàrant Comann nam Pàrant Newsletter



Comann nam Pàrant

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig
Gaelic Medium Education in Scotland

Clàr-innse/Contents

Gearran 2025
February 2025

[Seachdain na Gàidhlig / World Gaelic Week](#)

[Tachartasan airson òigirdh is teaghlaichean / Events for youngsters and families](#)

[Leabhraichean Ùra rim faighnn / New books available](#)

[TwinklAlba](#)

[Seisean Fiosrachaidh / Information Session](#)

[Seisean trèanaidh ann an òrain agus sgeulachdan Gàidhlig / Gaelic song and story session training](#)

[Foghlam Alba / Education Scotland](#)



www.parant.org.uk



www.nedan.scot

Airson na naidheacdan as ùire bhuainn, dèan cinnteach gu bheil sibh a' leantainn ar meadhanan sòisealta.

For the latest news from us, make sure you are following our social media.



Comann nam Pàrant

www.parant.org.uk
www.nedan.scot

5 Caolshraid Mhìcheil, Inbhir Nis, IV2 3HQ, Seòladh Puist-d: fios@parant.org.uk
5 Mitchell's Lane, Inverness, IV2 3HQ, Email address: fios@parant.org.uk



Seachdain na Gàidhlig

World Gaelic Week

Seachdain na Gàidhlig will be taking place this year between **24 February and 2 March**. Established in 2022 and funded by Bòrd na Gàidhlig, Seachdain na Gàidhlig (World Gaelic Week) celebrates Scottish Gaelic across the globe and aims to raise the profile of Gaelic through community initiatives, schools' engagement, projects and events.

On Thursday 27 February, Say a Gaelic Phrase Day, will take place. This is an initiative to encourage people to try speaking Gaelic, or to use the Gaelic that they have! To take part, all you need to do is pick a Gaelic phrase, learn how to say it (by listening to our audio files), make a video (on your phone, tablet or computer) and post it on social media using the hashtag #LàAbairtNaGàidhlig or #SayAGaelicPhraseDay. Simple as that!

There are a variety of events taking place this year which will be of interest to GME pupils and families. As well as the list below there are a variety of activities and events taking place at schools. So make sure you take a look at the website for the full list.

Bidh Seachdain na Gàidhlig a' gabhail àite am bliadhna eadar **24 Gearran agus 2 Màirt**. Tha Seachdain na Gàidhlig, a chaidh a stèidheachadh ann an 2022 agus a tha ga mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig, a' comharradh Gàidhlig na h-Alba air feadh an t-saoghail agus airson ìomhaigh na Gàidhlig a thogail tro iomairtean coimhearsnachd, com-pàirteachas le sgoiltean, pròiseactan is tachartasan.

'S e Diardaoin 27 Gearran 2025 an Là Abairt na Gàidhlig. Tha seo na iomairt airson daoine a bhrosnachadh gus Gàidhlig fheuchainn, no am beagan a th' aca a chleachdadh! Airson pàirt a ghabhail, chan eil agad ach ri abairt Gàidhlig bhon duilleag seo a thaghadh (no fear dha do thoil fhèin), ionnsaich mar a chanas tu e (le bhith ag èisteachd ris an Ghàidhlig), dèan bhidio (air d' fhòn, tablet no coimpiutair) agus cuir air na meadhanan sòisealta e leis na tagraichean-hais #LàAbairtNaGàidhlig agus #SayAGaelicPhraseDay. Cho furasta sin!

Tha roigheann farsaing de thachartasan a' gabhail àite am bliadhna a bhios inntinneach dha sgoilearan FMG agus teaghlaichean. A bharrachd air an liosta gu h-ìosal, tha tòrr diofar rudan a' tachairt sna sgoiltean. Le sin, dèanamh cinnteach gun tug thu sùil air an làrach-lìn airson an liosta air fad.



SEACHDAIN NA GÀIDHLIG
WORLD GAELIC WEEK

Tachartasan airson òigirdh is teaghlaichean Events for youngsters and families

Gaelic in employment Career Inspiration – Tuesday 25 February.

<https://seachdainnagaidhlig.scot/event/gaelic-in-employment-career-inspiration/>

Co-Fharpais Ainmean-Àite Gàidhlig airson Sgoiltean (Gaelic Place Names Competition for Schools)

<https://seachdainnagaidhlig.scot/event/co-fharpais-ainmean-aite-gaidhlig-airson-sgoiltean-gaelic-place-names-competition-for-schools/>

Oidhche na Cloinne le Jenny NicilleDhuibh / Kid's Event with Jenny Black - Tuesday 25 February at An Lòchran.

<https://seachdainnagaidhlig.scot/event/oidhche-na-cloinne-le-jenny-nicilledhuibh-kids-event-with-jenny-black/>

Latha nan Lèintean-T Gàidhlig / Gaelic T-Shirt Day 2025 - Wednesday 26 February.

<https://seachdainnagaidhlig.scot/event/latha-nan-leintean-t-gaidhlig-gaelic-t-shirt-day-2025/>

Oidhche Gheamaichean-Bùird / Boardgames Night – Friday 28 February, An Lòchran

<https://seachdainnagaidhlig.scot/event/oidhche-gheamaichean-buid-boardgames-night/>

Cuairt Nàdair, Saturday 1 March @ 10:00 am - 12:00 pm. Dams to Darnley Country Park, G53 7RN

<https://seachdainnagaidhlig.scot/event/cuairt-nadair/>

Additional Support Needs in Gaelic Medium Education (GME) | Seachdain Na Gàidhlig / World Gaelic Week Meet-Up Saturday 1 March @ 1:00 pm - 3:00 pm, Cranhill

Community Centre (Cranhill Beacon)

<https://seachdainnagaidhlig.scot/event/asn-in-gme-meet-up/>

An Taigh-cèilidh – Community Ceilidh Dance, Saturday 1 March @ 6:00 pm - 9:00 pm, Community Circus Paisley, 85 Blackstoun Rd, Paisley PA3 1NR

<https://seachdainnagaidhlig.scot/event/taigh-ceilidh-community-ceilidh-dance/>



Latha Coimhearsnachd Shruighlea / Stirling Gaelic Community Day, 2 March @ 2:00 pm - 5:00 pm. Bridge of Allan Hall.

<https://seachdainnagaidhlig.scot/event/latha-coimhearsnachd-ghaidhlig-shruighlea/>

Comhairle nan Leabhraichean - Leabhraichean Ùra do Chloinn

Gaelic Books Council - New Children Books

Below is a list of new children's books that are available at Comhairle nan Leabhraichean (Gaelic Books Council). The list below is separated into different ages with each name taking you to the website where you can buy the book. Or pop into the shop at 32 Mansfield Street, Glasgow to see the full selection of the books available.

Under section 8-12 years, there are two new books Uncail agus na Dìneasaran agus An Cat Coigreach. We often hear from parents that there a lack of books for children at this stage so we welcome these books. Furthermore, both these books have been written in Gaelic originally and are aimed at upper primary and early secondary school.

Gu h-ìosal, tha liosta de leabhraichean chloinne ùra a tha rim faighinn bho Chomhairle nan Leabhraichean. Tha an liosta gu h-ìosal air a sgaradh a rèir aoisean le gach ainm gad thoirt chun na làraich-lìn far an urrainn dhut an leabhar a cheannach. No tadhalaibh air a' bhùth aig 32 Sràid Achadh a' Mhansa, Glaschu agus na leabhraichean uile a tha rim faighinn fhaicinn.

Do chloinn aois 8-12, tha dà leabhar ùr ann Uncail agus na Dìneasaran agus an Cat Coigreach. Cluinnidh sinn gu tric bho phàrantan gu bheil gainnead leabhraichean ann do chloinn aig an aois sin, agus mar sin tha sinn a' cur fàilte air na leabhraichean seo. A bharrachd air sin, chaidh an dà leabhar seo a sgrìobhadh sa Ghàidhlig bho thùs agus iad ag amas air ceann shuas na bun-sgoil agus tràth san àrd-sgoil.

Leanabh is Pàiste / Baby & Child **Leòmhann Cadalach** **Nàdar – mo chuairt a-miugh** **Sùilean, Cluasan, Sròn agus Òrdagan**

Aois 5-8 / Age 5-8
Tha Marta a' Mapadh
Ciorstag as Calma
Chunnaic mi Mamot!
Rabaidean air a' Bhus

Aois 8-12 / Age 8-12
Uncail Dod agus na Dìneasaran le Màiri NicGilliosa
An Cat Coigreach le June Ghreumach
Pippi Fhad-stocainneach a' Dol air Bòrd le Astrid Lindgren

TwinklAlba

Many of you may be aware of TwinklALBA. We're a trusted resource used in schools but also have lots of fantastic resources to help parents and learners at home. Why do schools trust our content? This is because our team are teachers too and all our Gaelic resources are created by native Gaelic speakers. Lauren and Moira grew up in GME on Skye and Lewis. We know [Bilingualism Matters!](#)

We're excited for the year ahead. TwinklALBA partner with [Seachdain na Gàidhlig](#) every year and as before we've created their planners which are packed full of resources and learning experiences for both [GME](#) and [Gaelic Learners](#).

This year we'll be growing our [eBook library](#), which is packed full of engaging Gaelic books and fun activities to go along with each title. We'll be adding more Gaelic audio to our books as well, like you can hear in [Clyde an Cù](#).

Planning a trip to Scotland's capital this year? Working with the National Museum of Scotland we've a range of learning resources free to download all about the [Lewis Chess Pieces](#).

We're always adding to our resources to support parents helping their children to be successful learners in Gaelic, just like our [Maths Gaelic Word Bank](#). To explore more of our range of resources, why not download our [Taster Pack for Parents](#).

Be sure to follow our [Instagram page](#) for updates from Moira and Lauren, and please feel free to reach out to us there for advice or any suggestions for resources you think may be missing to support your children on their Gaelic journey. We'd love to hear your ideas and will always do our best to help!

Bidh tòrr agaibh eòlach air TwinklALBA. 'S e goireas a th' annainn a bhios sgoiltean a' cleachdadh agus anns a bheil iad a' cur earbsa ach tha tòrr ghoireasan sgoinneil againn cuideachd gus pàrantan agus luchd-ionnsachaidh a chuideachadh aig an taigh. Carson a bhios sgoiltean a' cur earbsa anns an t-susbaint againn? Tha seo air sgàth is gur e tidsearan a th' anns an sgioba againn cuideachd agus gu bheil na goireasan Gàidhlig againn uile air an cruthachadh le daoine aig a bheil Gàidhlig bho thùs. Dh'fhàs Lauren agus Moira suas ann am FtG san Eilean Sgitheanach agus ann an Leòdhas. Tha fios againn gu [bheil dà-chànanas cudromach!](#)

Tha sinn air bhioran airson na bliadhna a tha romhainn. Bidh TwinklALBA ag obair ann an com-pàirteachas le [Seachdain na Gàidhlig](#) a h-uile bliadhna agus mar a rinn sinn roimhe, tha sinn air na planadairean aca a chruthachadh a tha làn ghoireasan agus cothroman ionnsachaidh airson an dà chuid FtG agus [Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig](#).

Am-bliadhna bidh sinn a' cur ri [leabharlann nan leabhraichean-d](#) againn, a tha loma-làn de leabhraichean Gàidhlig tarraingeach agus gnìomhan spòrsail a tha a' dol leis gach leabhar. Bidh sinn a' dèanamh barrachd thionndaidhean fuaime de na leabhraichean Gàidhlig againn cuideachd, [Clyde an Cù](#) mar eisimpleir.

A bheil sibh a' planadh turas gu prìomh-bhaile na h-Alba am-bliadhna? Ag obair còmhla ri Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba tha raon de ghoireasan ionnsachaidh an-asgaidh againn a ghabhas luchdachadh a-nuas mu dheidhinn [Pìosan-tàileisg Leòdhais](#).

Tha sinn daonnan a' cur ris na goireasan againn gus taic a chumail ri pàrantan a tha a' cuideachadh an cuid chloinne gus a bhith nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail sa Ghàidhlig, mar eisimpleir, [Banca nam Facal Gàidhlig Matamataig](#). Gus barrachd den raon ghoireasan againn fhaicinn, carson nach luchdaich sibh a-nuas am [Pasgan Blasad do Phàrantan](#).

Dèanibh cinnteach gun lean sibh an [Duilleag Instagram](#) againn airson ùrachaidhean bho Mhoira agus Lauren, agus na bithibh leisg fios a chur thugainn ma tha sibh ag iarraidh comhairle no molaidhean airson goireasan a tha sibh a' smaoinneachadh a tha a dhìth air ur cuid chloinne gus taic a chumail dhaibh air an t-slighe ionnsachaidh Gàidhlig aca. Bu toil leinn ur beachdan a chluinntinn agus nì sinn ar dìcheall cuideachadh!



Seisean Fiosrachaidh Information Session

In November, Comann nam Pàrant in partnership with Bòrd na Gàidhlig, held an online information session about GME. This was to open to all parents & carers who are considering GME. The informal session had GME practitioners giving further information about GME at each level with then an opportunity for the attendees to ask questions. There were over 30 in attendance with a good engagement and several questions answered. We shared further information with all attendees afterwards with links and to contacts if they had further enquiries. Many thanks to Kirsteen Murray, Comann nam Pàrant, Alasdair MacPhee, Inverclyde and Donald MacKay, North Lanarkshire for taking the time to prepare and present at the session.

Innes, Comann nam Pàrant development officer, also attended several face-to-face information sessions in Renfrewshire, East Renfrewshire, North Ayrshire and Argyll & Bute. If any local group or school wish support to organise an information session please contact us – innes@cnag.org

Chùm Comann nam Pàrant seisean fiosrachaidh air-loidhne mu FtG ann an com-pàirteachas le BnG. Bha seo fosgailte dhan h-uile pàrant is neach-cùraim a tha a' beachdachadh air FtG anns na beagan bhliadhnaichean ri teachd. San t-seisean neo-fhoirmeil seo, thug luchd-foghlaim FtG seachad barrachd fiosrachaidh mu FtG aig gach ìre agus an uair sin thug iad cothrom dhan luchd-frithealaidh gus ceistean fhaighneachd. Bha còrr is 30 pàrant an làthair le deagh chonaltradh agus chaidh grunn cheistean a fhreagairt. Thug sinn barrachd fiosrachaidh dhan h-uile duine a bha a làthair às dèidh làimh le ceanglaichean feumail agus le fios conaltraidh ma bha tuilleadh cheistean aca. Taing mhòr do Kirsteen Mhoireach, Comann nam Pàrant, Alasdair Mac a' Phì, Inbhir Chluaidh agus Dòmhnall MacAoidh, Siorrachd Lannraig a Tuath airson a bhith ag ullachadh is a' toirt seachad an t-seisein.

Bha Innes, oifigear leasachaidh Chomann nam Pàrant, cuideachd an làthair aig grunn sheiseanan fiosrachaidh aghaidh-ri-aghaidh ann an Siorrachd Rinn Friù, Siorrachd Rinn Friù an Ear, Siorrachd Àir a Tuath agus Earra-Ghàidheal is Bòd. Ma tha buidheann ionadail no sgoil sam bith ag iarraidh taic gus seisean fiosrachaidh a chur air dòigh, cuiribh fios thugainn – innes@cnag.org

GME Information Session

Seisean-fiosrachaidh mu FtMG

Seisean trànaidh ann an òrain agus sgeulachdan Gàidhlig

Gaelic song and story session training

Following discussions with the Scottish Book Trust, since they are no longer providing specific training for Gaelic Bookbug sessions it was agreed that in partnership with Bòrd na Gàidhlig we would provide some training sessions for anyone who was interested in leading an early years Gaelic song and story session.

We ran two sessions last year, one in January in Glasgow and another one in March in Edinburgh. We received positive feedback from these two sessions and have arranged for more training to be delivered this year. The first of these sessions should have taken place at the beginning of February in Glasgow, but as it was the weekend of Storm Éowyn it has been rescheduled for the beginning of March instead.

Kirsteen has prepared handbooks for the sessions containing a large selection of songs for early years children and their families, with the focus being on songs that are simple and repetitive as so many families attending early years song sessions in the south are learning Gaelic and not native speakers. The training sessions are delivered by Kirsteen and discuss suitable songs to use, props and actions that work well with children, and choosing a good book for the session.

Our training is not a replacement for Bookbug training, but an accompaniment to it that is more specific to Gaelic. We still point attendees in the direction of the English Bookbug training, which includes other information that we don't cover in ours so that we aren't duplicating - topics like child development, for example. Bookbug trained leaders will also be able to lead sessions in their local libraries, which isn't an option for someone who isn't Bookbug trained.

Às dèidh còmhraidhean le Urras Leabhraichean na h-Alba, leis nach eil iad a' toirt seachad tràanadh sònraichte airson seiseanan Bookbug Gàidhlig tuilleadh, chaidh aontachadh gun toireamaid seachad seiseanan tràanaidh ann an com-pàirteachas le Bòrd na Gàidhlig do dhuine sam bith aig a bheil ùidh ann a bhith a' stiùireadh sheiseanan òrain is sgeulachdan Gàidhlig sna tràth-bhliadhnaichean.

Chùm sinn dà sheisean an-uiridh, fear san Fhaoilleach ann an Glaschu agus fear eile sa Mhàrt ann an Dùn Èideann. Fhuair sinn deagh fhios air ais bhon dà sheisean seo agus tha sinn air barrachd tràanaidh a chur air dòigh am-bliadhna. Bha a' chiad fhear de na seiseanan seo gu bhith air a chumail aig toiseach a' Ghearrainn ann an Glaschu, ach leis gur e deireadh-seachdain Stoirm Éowyn a bh' ann tha e anis gu bhith a' tachairt aig tòiseach a' Mhàirt.

Tha Kirsteen air leabhraichean-làimhe ullachadh airson nan seiseanan anns a bheil roghainn farsaing de dh'òrain do chloinn sna tràth-bhliadhnaichean agus an teaghlaidhean, le fòcas air òrain a tha sìmplidh agus le ath-aithris leis gu bheil uimhir de theaghlaidhean a tha a' frithealadh seiseanan òrain tràth-bhliadhnaichean aig deas ag ionnsachadh na Gàidhlig agus gun Ghàidhlig aca bho thùs. Tha na seiseanan tràanaidh air an lìbhrigeadh le Kirsteen agus bidh iad a' coimhead air òrain iomchaidh airson cleachdadh, stuthan taice agus gnìomhan a tha ag obair gu math leis a' chloinn, agus a' taghadh leabhar math airson an t-seisein.

Chan eil an tràanadh againn air a thoirt seachad an àite tràanadh Bookbug, ach gus taic a chumail ris an tràanadh sin a tha nas co-cheangailte ris a' Ghàidhlig. Innsidh sinn do luchd-frithealaidh mu thrànadh Bookbug sa Bheurla, a tha a' gabhail a-steach fiosrachadh eile nach eil san tràanadh againn gus nach eil dùblachadh ann - cuspairean mar leasachadh chloinne, mar eisimpleir. Bidh e comasach do stiùirichean le tràanadh Bookbug seiseanan a stiùireadh anns na leabharlannan ionadail aca, rud nach urrainn do dhaoine aig nach eil tràanadh Bookbug a dhèanamh.

Register here /Clàraich an seo:

[Trèanadh Seisean Òran 's Sgeulachd](#)



Trèanadh Seisean Òrain 's Sgeulachd
Gaelic Song and Story Session Training

DISATHAIRNE 1 MÀRT 2025
SATURDAY 1ST MARCH 2025

Mitchell Library, Glasgow
10:00 - 12:00



Education Scotland

A national report on the quality of learning and teaching in mathematics education in Scotland has been published by HM Inspectors. HM Chief Inspector of Education Janie McManus said: “There is much to be celebrated in the delivery of maths education in Scotland. During our visits we found nurturing, positive relationships that are creating supportive environments where children feel confident to engage with mathematics”.

The report has a section on Gàidhlig Medium Education. The entire report is available to read in Gàidhlig and English.

[Aithisg/Report \(Gàidhlig\)](#)
[Report/Aithisg \(Beurla\)](#)

While the report has a focus on mathematics, it also has key messages for other areas such as strategic planning for Gàidhlig Medium Education, curriculum, immersion, building fluency, play pedagogy and use of digital technology.

Spotlight on a few key messages:

In sgoil-àraich (nursery), bun-sgoil (primary) and àrd-sgoil (secondary), children and young people eagerly engage in learning mathematics through the medium of Gàidhlig. Practitioners and teachers are skilled at creating and providing an encouraging learning environment. They foster strong, supportive relationships with children and young people.

In secondary and Gàidhlig Medium Education, many schools and local authorities are facing a shortage of specialised mathematics teachers. This shortage coupled with the reliance on temporary staff has impacted on the consistency of learning and teaching.

Almost all practitioners and teachers demonstrate a deep professional understanding of the principles of immersion. They understand the importance of their role in building children’s Gàidhlig language skills to enable them to explore and explain their thinking in mathematics. In bun-sgoil, teachers effectively model and scaffold class discussions using accurate Gàidhlig mathematical terminology. They provide regular opportunities for children to share their strategies and reasoning.

Problem-solving and open-ended challenges in Gàidhlig should feature more regularly across the mathematics curriculum for all children and young people.

In the early stages of total immersion, many teachers incorporate child-initiated play and discovery experiences into mathematics lessons. During these experiences, it is important for adults to interact regularly with children, providing commentary and asking questions to model and extend accurate Gàidhlig mathematical language.

In settings and schools where mathematics is connected to real-life contexts, children and young people demonstrate higher engagement. Gàidhlig Medium Education stands out for its effective integration of cultural and community contexts into learning. Teachers in àrd-sgoil should integrate Gàidhlig contexts, such as island economy, to help young people see connections between class learning and their lives.

In sgoil-àraich, the use of digital technologies is limited due to a lack of suitable Gàidhlig resources that support early mathematics skills. Across stages, children spend considerable time on English online numeracy games to practise mental agility. These often do not provide appropriate levels of challenge and do not support the development of fluent Gàidhlig mathematical language. Teachers highlight the limited availability of digital resources and assistive technologies in Gàidhlig to help learners who require additional support.

Foghlam Alba

Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air aithisg nàiseanta fhoillseachadh air càileachd an ionnsachaidh agus an teagaisg ann am foghlam matamataig ann an Alba. Thuirt Àrd-neach-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlaim, Jane McManus: “Tha mòran ri mholadh ann an libhrigeadh foghlam matamataig ann an Alba. Anns na tursan againn, lorg sinn dàimhean àrachail, math a tha ag àrachadh àrainneachdan taiceil far a bheil clann a’ faireachdainn misneachail ri dhol an sàs ann am matamataig”.

Tha earrann san aithisg air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha an aithisg gu lèir ri fhaighinn ann an Gàidhlig agus Beurla.

[Aithisg \(Gàidhlig\)](#)

[Aithisg \(Beurla\)](#)

Ged a tha fòcas na h-aithisg air matamataig, tha prìomh theachdaireachdan ann cuideachd airson raointean eile, mar eisimpleir, planadh ro-innleachdail airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, curraicealam, bogadh, togail fileantachd, dòighean-teagaisg cluiche agus cleachdadh teicneòlas didseatach.

Cuid de na prìomh theachdaireachdan:

Ann an sgoil-àraich, bun-sgoil is àrd-sgoil, bidh clann is daoine òga a’ dol an sàs gu deònach ann a bhith ag ionnsachadh matamataig tro mheadhan na Gàidhlig. Tha luchd-cleachdaidh is tidsearan eòlach air àrainneachd ionnsachaidh bhrosnachail a chruthachadh is a thoirt seachad. Bidh iad ag àrachadh dhàimhean taiceil, làidir le clann is daoine òga.

Ann am foghlam àrd-sgoile is Foghlam Meadhan Gàidhlig, tha gainnead de thidsearan speisealaichte ann am matamataig mu choinneamh tòrr sgoiltean is ùghdarrasan ionadail. Tha an gainnead seo, còmhla ri urrachd ga cur air luchd-obrach sealach, air buaidh a thoirt air cunbhalachd ionnsachaidh agus teagaisg.

Bidh cha mhòr a h-uile neach-cleachdaidh is tidsear a’ nochdadh tuigse phroifeiseanta is dhomhainn air prionnsapalan làn-bhogaidh. Tha iad a’ tuigsinn cho cudromach ‘s a tha a’ phàirt aca ann a bhith a’ togail sgilean Gàidhlig chloinne gus comas a thoirt dhaibh an smaoinneachadh ann am matamataig a rannsachadh is a mhìneachadh. Sa bhun-sgoil, bidh tidsearan a’ modaileadh ‘s a’ togail còmhraidhean-chlas le bhith a’ cleachdadh briathrachas matamataigeach Gàidhlig a tha neo-mhearachdach. Tha iad a’ toirt chothroman bitheanta do chloinn na ro-innleachdan is reusanachadh aca a roinn.

Bu chòir fuasgladh cheistean is dùbhlain fhosgailte sa Ghàidhlig a bhith ann nas trice air feadh a’ churraicealaim matamataig do chloinn is dhaoine òga air fad.

Sna tràth-ìrean de làn-bhogadh, bidh mòran thidsearan a’ co-mheasgachadh cluiche a thòisicheas a’ chlann is eòlasan-luirg a-staigh do leasan matamataig. Rè nan eòlasan seo, tha e cudromach gum bi inbhich a’ conaltradh gu cunbhalach le clann, a’ toirt seachad aithris is a’ faighneachd cheistean gus briathrachas matamataigeach Gàidhlig neo-mhearachdach a mhodaileadh is a leudachadh.

Ann an ionadan is sgoiltean far a bheil matamataig co-cheangailte ri co-theacsaichean fìor-bheatha, tha clann is daoine òga a’ nochdadh com-pàirt nas àirde. Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a’ seasamh a-mach airson na dòigh sa bheil co-theacsaichean cultarach is coimhearsnachd gam fighe a-steach gu h-èifeachdach do dh’ionnsachadh. Bu choir do thidsearan san àrd-sgoil co-theacsaichean Gàidhlig in-fhilleadh, leithid eaconomachd eilein, gus daoine òga a chuideachadh ceanglaichean fhaicinn eadar ionnsachadh sa chlas agus am beathannan.

San sgoil-àraich, tha bacadh air cleachdadh teicneòlasan didseatach ri linn cion stòrasan Gàidhlig freagarrach a bheir taic do sgilean matamataig tràtha. Bidh clann a’ cosg ùine mhòr air geamannan àireamhachd air-loidhne sa Bheurla gus lùthmhorachd inntinn a chleachdadh. Cha bhi iad tric a’ toirt ìrean dùbhlain iomchaidh is cha bhi iad a’ cumail taic ri leasachadh briathrachas matamataigeach siùbhlach sa Ghàidhlig. Bidh tidsearan a’ comharrachadh na ruigsinneachd chuingealaichte de stòrasan didseatach is teicneòlas taice ann an Gàidhlig gus luchd-ionnsachaidh a chuideachadh dha bheil taic a bharrachd a dhìth.